


NATIONAL
LIBRARY
OF SCOTLAND

NG. 1527. a. 2(1-3)






Digitized by the Internet Archive
in 2013







COMH-CHRUINEACHA

D O

Laoidhibh Spioradail.

L E

DOUGHAL BUCHANNAIN,
MAISTER-SCOILE ANN RAINEACH.

AN DARA CLO-BHUALA.

CLO-BHUAILTE ANN PEAIRT.

Le EOIN GILLIES.

MDCCLXXXIV.

LIBRARY OF S.
14
1861



Laoidhean Spioradail.

MORDHACHD DHE.

CREUD e Dia, no creud e Ainm?
Cha tuig na h Aingle 's àird 'n gloir;
Tha e 'n folus dealrach foluicht uath,
Far nach ruig sùil no smuain na chòir.

Uaith fein ata a Bhith ag fruth;
Neimh-chruthaichte ta uile Bhuai'bh;
Neimh-chrìochnaicht 'n an nadur fein;
'S fein-dhìongmhalta ga 'n cumail suas.

Cha raibh e òg is fean cha bhì;
O fhìor' gu fìor gun chaochladh staid;
Cha tomhais Grian no Gealach aois;
Oir 's neithe caochlach iad air fad.

'N uair thaisbeanas e ghlòir no ghràs.
Bidh là neimh-bhàsmhur teachd o shùil;
'S grad chuiridh fluagh nan neamhadh ard
Le'n fgiathaibh sgàile air an gnùis.

'S mu thaisbeanas e ghnùis an gruaim,
 Grad fgaoilidh uamhunn feadh nan speur;
 Roimh' achmhafansa teichidh 'n cuan,
 'S le geillt-chrith gluaisidh 'n cruinne cè.

Ta oibre nàduir fearg 's a fàs,
 O chaochladh 'tà'id gu caohladh rith:
 Ach uile thionnsg'ans 'tà'id 'nan aon,
 Gun traogh no lionadh air a Bhith.

'Ta aingle 's daoine do neimh-ni dlù;
 A' bhrù o'n d'thainic finn gu lèir,
 Ach iomlaineachd o shìorruichd ta,
 Neimh-chrìochanach 'na nàdur fèin.

'Nuair chualadh Neimh-ni guth a' bheil,
 Ghrad leum na bith a chruitheachd mhòr,
 An cruinne fo le uile làn,
 'Sna neamhadh àrd le'n uile fhlàigh.

'N sin dh' fheuch air oibrichibh gu lèir,
 'S gach creutair bheannuich è 'nan staid,
 S cha d' fheum ath-leasachadh air nì,
 A measg a ghnìomhara air fad.

Air clar a dhearn tha dol mu'n cuairt
 Gach reult a ghluaiseas ann san speur;
 An cruthach gu leir tha 'stigh 'na ghlaic,
 S a' deanamh thaic da ghairdean treun.

Cia chuartaicheas do Bhith a Dhe!
 An doimhne fhluig gach rèusan fuas;
 'Nan aciripibh tha aingle 's daoine
 Mar fhligibh maoraich glacadh chuain.

O bhithbhuantachd tha thufa a' d' Riogh,
 'S ni bheil fan t faogh'ls ach nì o 'n dè;
 O 's beag an eachdruidh chualas diot,
 'S cha mhor do d' ghnìomh ata fuidh 'n ghrèin.

Ge d' thionndadh ghrian gu neimh-ni ris,
 S gach ni fa chuairt a soluis mhòir;
 'S co beag bhiodh d' oibre 'g iunndrain uath,
 S bhiodh 'n cuan ag iunndrain fileadh mhedir.

An cruthach cha deun le uile ghloir,
 Lan-fhoillfeachadh air Dia nam feart,
 Cha 'n 'eil 's na h oibre ud gu leir,
 Ach taisbein earlais air a neart.

Le'r tuigfe thana 's diomhain duinn
 Bhi sgrudadh chuain ata gun chrìoch
 An litir 's lugha dh' ainm ar Dè,
 Is tuille 's luchd da'r rèusan i.

Oir ni bheil dadum cofmhuil riot
 Am measg na chruthaich thu gu leir,
 'Sa measg nan daoine ni bheil cainnt.
 A labhras d' ainm ach d' fhocal fèin.

FULANGAS CHRIOSD.

'S E fulangas mo fhlanai-fhear
 Do bhios mo Dhàn a' luaidh,
 Mor-irioslachd an àrd-Riogh sin
 Na bhreith 's na bhàs ro chruaidh,
 'Se 'n t iongantas bu mhìorbhuilich
 Chuaidh ìnnfeadh riamh do shluagh :
 An Dia bha ann o shìorruidheachd,
 Bhi fas na chìochran truagh.

'N uair ghabht' am broinn na h òigh' e ;
 Le còmhnadh Spioraid De,
 Chum an Nàdur Daonna sin,
 A dheanamh aon ris fein ;
 Ghabh e fgàil mu Dhiadhuigheachd ;
 'S don BHRIATHAR dhearnadh feòil,
 Is dh' fhoillfich' an rùn diamhair sin,
 Am pearfa Chrìosd le glòir.

Rugadh 'n stàball dìblidh e,
 Mar dhilleachdan gun treòir ;
 Gun neach a dheanadh càirdeas ris,
 No bheireadh fàrdoch dho,
 Gun mhuinntir bhi 'ga fhriothaladh,
 Na uidheam mar bu còir ;
 Ach eich is daimh ga chuairteachadh.
 D' an dual gach uile ghlòir

Mu'n gann bha fios gu'n d' thàinig e,
 Do dhuifg' dha nàimhde mòr :
 B' èidir teich don Ephaid leis,
 Roimh Herod bh'air a thòir,
 Is e co naimhdeil dhìoghaltach
 Chum Iosa chur gu bàs ;
 'S gur mharbhadh leis gach cìocharan
 A bha na rìogh'chd gun dàil.

Bha tuill aig na fionnachaibh
 Ga'm folachadh o theinn,
 Bha neid aig na h èunlaithe
 Ann gèuga àrd na'n crann ;
 Ach eisean do rinn uile iad,
 S' gach ni fa' chruinne chè,
 Bha e fein na fhògarach,
 Gun chòmhnuidh aig fuidh 'n ghrein.

Am feadh 'sa ghabh an Slànui-fhear
 Mar ionad tàmh an faogh'l,
 Mar lèigh ro iochdmhar fàbharach
 Bha leigheas clann nan daoim :
 'N aon èugail riamh bu ghàbhuidh bh'ann,
 'S gach galar cràiteach gèur,
 Do thionndadh e chum slànuchadh.
 'N uair làbhradh e o bhèul.

Thug teanga do na balbhanaibh,
 'S don bhàcach mhall a lùgh,

Do 'n bhodhar thug se chlàistineachd,
 S' do dhaoine dall an iùl,
 Na lobhair bhreun do ghlanadh leis,
 Cur fallaineachd nam feòil:
 Is leighis gach èugail anama e,
 'S na mairbh do thug se beò.

Do shearmonaich an foisgeul leis,
 Do dhaoine bochda truagh;
 Is gheall e faorsa shìorruidh dhoibh
 Bha 'n glais faoi chis ro chruaidh:
 Na'n gaibhte ris an fhìrinn leo,
 Le creidimh fìorghlan beò,
 'S gu 'm biodh iad air an ìompuchadh
 O ghnìomharaibh na feòl.

Lean buidheann tur don fhàfach e,
 Is dh'fhan trì laeth na chòir,
 Cuig mìle bha do dh'àireamh ann
 Bh'air fàilneachadh chion lòn:
 'N ro bheagan fhuair iad bheannuich e
 'N da iasg 's cuig arain eòrn,
 'S do itheadh nach gur fhàfuich iad
 Is dh' fhàg iad ni bu leòir.

Do chaisgeadh an fadh cuain leis,
 'S a tonnadh uaibhreach mòr,
 A' ghaoth ro laidir bhuaidhreasach,
 Do chuartich e na dhòrn:

Ach aithris air gach mìorbhuile,
 Rinn Iofa ann fan fheadil,
 Cha chumadh 'n faoghal do fgrìbhinnibh,
 Na dh' innfeadh e gu leòir.

Ach 'n'air bha 'n tam a' dlùthach ris
 Gu'n fiùbhladh e chum glòir,
 Ghairm e chuige dheiscobuil,
 Is dheafuich e dhoibh lòn ;
 Chuir e fios nan fuidhe iad
 'S gach uidheam air a bhòrd ;
 Aran 's fion do riaruich orr'
 Bha ciallach fhuil is fheadil.

Thug e sin mar ordugh dhoibh
 Bhi 'n comhnuidh ac gu bràth,
 A dh' fhoillfeachadh mhor-fhulangais,
 Do dh' fhuilig air an sgà ;
 Gu 'n itheadh is gu 'n òladh iad
 Do dh' fheartaibh mor a ghràidh ;
 'S gu 'm bitheadh e mar chuimhne aig
 A mhuinntir air a bhàs.

'N uair thainig chum a ghràidh e,
 Do bhi a chràdh ro mhor :
 'N uair fhuair e 'n cupan feirge sin,
 Bha oillteil fearbh r'a òl,
 Air ghoil bha chuifle craobhachfan
 Tre chorp ro naomh 'ga fhàsg ;

Na fhollas fola braonadh 'mach
Tre aodach air an làr.

'N fin thuit e air a ghlùinibh fios
Ag deanamh ùrnuigh ghèur,
“ Athair chaomh ma's comas e,
“ An deoch so cuir uam féin ;
“ Ach so a' chrìoch mun d' thàining mi,
“ Gu 'n fàbhalain mo thrèud,
“ Mar fin ni iarram fàbhor, ach
“ Do thoil gu bràth-bhi deunt.”

Be sud an cupan uamhunnach,
Do fhuair e ann 'na làimh ;
Peacadh 'n t faoghail ga chuairteachadh
'S gach duais a bhuineadh dhà,
Na dh' fhuil' geadh 'n faoghal gu sìorruidheachd
Do phiànntaibh is do chràdh,
Chuidh sud a leagadh comhladh air,
'S an deoch ud dh' òl nan àit.

B'e 'n Diabh'l a shealbhuich Iùdas fin,
Le chroidhe dùbailt' fiar ;
An cealgoir sanntach lùbach ud,
A chuir dubh-chùl re Dia:
An troiteir reic e Shalànai'fhear,
'S a mhaighdir gràdhach fein,
Is bhrath da naimhde bàsmhur e,
Fuidh chàirdeas pòg a bheul.

An sin do rinn iad prìofunach
 Dn dh' Iosa gun chionfàdh,
 'Is thug iad dh' ionnfuidh Phìlat e,
 Gu 'n dìteadh e chum bas :
 Do dhìt am breitheamh èucorach
 Le fiadhnuis bhrèig an Tì,
 Bha choguis fein ag innseadh dha
 Bhi dìthchiontach is fìor.

Do cheangail agus fgiùrs' iad e
 Lé buillibh drùiteach geur,
 An fheoil o'n chnaimh do rùisgeadh leo
 Na meallaibh brùit gu leir,
 A chorp ro naomh do mhilleadh leo.
 'S a chreuchda fileadh fìos ;
 An fhuil le'r cheannachadh 'n saoghal fo
 Gun sgaoinn bhi dhith na prìs.

Do rinneadh crùn don sgitheach leo,
 'S do fhith iad e gu teann,
 Chur tuille pian is nàire air,
 Do spàrr iad e mu cheann ;
 'Na cheanni a steach do bhuaileadh leo
 Na bioradh cruaidh ro gheur,
 Is aghuidh ghloirmhor d' fholaich iad
 Le 'n fileadh falach breun.

'N uair chuir iad an crun nàrach air,
 Ro chràiteach goirt do bhì,

Do sgeudaich iad' le sgàrlaid e
 'S chuir colbh 'na laimh mar Rì
 Is labhair iad gu sgallaifeach
 A' fanoid air an Tì,
 Fàillte Riogh nan Iùdhach dhuit,
 Le 'n glùn ga chromadh fìos.

Le 'm foirneart mhoir do èigneich e
 Chrann cèusaidh thogail suas,
 Ge bu chruaidh sud b' fhèudar e
 Bhi 'g gèilleadh dhoibh san uair;
 A chuisleadh caomh ag tràsgadh as,
 'S a neart ga fhàsgadh uaidh,
 A' dìreadh 'n t'fleibh ga fhàruch, gus
 An d' fhàilnich e faoi 'n chuail.

Sios air an leabuidh dhòruinnich,
 Le dheòin do luigh e fein;
 Ruisgt' air a chrann do fhìneadh e,
 'S gach allt dheth spion o chèil:
 A chorp ro naomha beannuightse,
 Do cheangail iad gu teann,
 Le tairn'ibh 's ord ga 'n sparradh sud,
 Gu daingion ris a chrann.

An crann an fin do dhìrich iad,
 Is Iosa thog air suas,
 Air na tairn'ibh chrochadh e
 Le dochann tha doth-luaidh;

A chudthrom fein a' rèubadh às
 Gach crèuchd na chois 's na làimh,
 Is fhuil ro phrifeil naomhasan
 Gà taomadh fios gu làr.

Ge bu mhaslach cràiteach leis
 Am bàs do dheilbheadh leo ;
 Aon ghearan riamh cha d' thainic uaidh
 An aghuidh naimhde mor ;
 Ach fann a ghabh e 'n leith-sgeulsan,
 Ga 'n teafairginn gu fìor,
 “ O Athair thoir dhoibh maitheanas,
 “ Ta'id aineolach nan gnìomh.”

Chuaidh dibhfhearg Dhe a thaomadh air
 Gach uile thaobh mu'n cuairt ;
 Gnuis a ghraidh do fholàich air
 Is thionndadh solus uaidh ;
 Do èigh e faoi na pianntuidh sin,
 “ Mo Dhia ! Mo Dia na trèig !
 “ Na ceil do ghnuis ro fhàbharach,
 “ 'S na fàg me ann a mfhèum.”

Na 'n rachadh an trom-dhioghaltas ud
 Do ghiùlain Ios' e fein,
 Leag air a chinneadh daonna sin
 'S na h aingle naomh le cheil,
 Do chasgradh ann a mòmaint bhig,
 Na Slòigh ud leis gu lèir :

Am braon bu lugh' da fhulangas
Do loisgeadh 'n cruinne cè.

Do orduich Dia' nan fluagh 'nfin,
Iad theachd mu'n cuairt don t sliabh,
Gach uile nàdur rèusantadh,
Do rinn e fein o chian ;
'S gu 'm faicte ghaol da chrèutairibh
S do bhèusaibh pheacaidh fhuath,
Ann san fheirg do thaomaich e
Air Mac a ghaoil san uair.

'Se fo bu chainnt da fhulangas,
“ Nois tuigibh uile shluagh,
“ Nadur screitidh pheacaidh sin,
“ 'S am dhòruinn faicibh dhuais ;
“ Is nadur teann na ceartas sin
“ Do ghlac me as leith chàich ;
“ Nach maith dhamh bonn da 'm fiachasa,
“ 'S nach diol le ach mo bh.às”

Bha 'm bàs ud malluicht' piantachail,
Ro ghuineach dio'ltach dòigh ;
Ro chàriteach nàràch fadalach,
'S è teachd neo-ghrad na chòir :
Bu ni ro oillteil uamhusach,
Seachd uair' bhi 'n cròchadh beo,
Air fèitheadh chuirp gan spìonadh as,
Co dh'fheudas innseadh leon !

Bha briogh a chuirp air tiormachadh,

An àmhuinn feirge De :

'S a chroidhe cairdeil fìrinneach

Ag leagha fìos mar chèir :

A theanga lean r'a ghialaibhfin,

Bha riamh am pairt a fhluaigh ;

Is foirneart na'n geur-phiannata fin,

A fniomha anama uaidh.

A raodharc ghlan do fhàilnich air,

'S mar ghloin do fhàs a shùil ;

Bha fèitheadh chroidh' a bristeadh aig,

'S bhràguid clifgeadh dlù :

A ghnuis bu àille fhuadh is dreach,

Do thionnda uaine lì ;

Air leam gu 'm faic me ealghris air

Cur a chath shearbh gu crìch.

Air leam gu 'm faic me chrèuchdasan,

Mar a rèub na tairn 'e fheòil ;

An fhuil fas dubh aig ragadh ump ;

Sior lagach air a thredir ;

Draoch a bhàis a tional uim' ;

'S e dealachadh r'a fgiannh ;

Air leam gu 'n cluinn me 'g ofnaich e ;

'S a phlofgail bha 'na chliabh.

Fa dheireadh labhair Iosa riu,

“Tha me an ìota mhòr :”

Ghabh domblas agus fiongeur iad,
 'S deoch fhìn iad dha r'a òl,
 'Nfin dubhairt, “ Tha e crìochnuicht
 “ Gach nì ghabh me os laimh,”
 'S le sgairteachd gheur do ghlaodh e 'mach
 Is chlaon e cheann gu bas.

Be fud an glaodh bha cruadalach,
 Do chual e 'n cruinne cè ;
 Gach creug air talamh fgealbadh leis,
 'S na mairbh do chlisg gu leir :
 Do thiondadh ghrian gu dorchadas,
 Is chaochail colg gach nì,
 Bha chruitheachd mar gu 'm bàfaich i,
 'S i taradh chum a crìch.

Na flaitheas bha riamh fòlafach
 'S gach flòigh bhà fubhach fhuas,
 San am fin rinneadh brònach iad,
 'S an ceòl do leig iad uath ;
 Re faicsin dhoibh an Ughdair ac'
 San ùir ga leagadh fìos,
 An bas a bhi ga cheangalsan
 Thug anam do gach nì.

LA A BHREITHEAMHNAIS.

A M feadh 'ta chuid is mo don t saogh'l
 Gun ghaol do Chrìosd, gun fgoinn da
 reachd,

Gun chreideamh ac gu'n d'thig e ris,
 Thoirt breith na fìrinn air gach neach.

An codal peacaidh 'ta'id nan fuain,
 Ag brúadar pailteas do gach nì;
 Gun umhail ac n'air thig am bàs,
 Nach meal iad Fàrras o'n ard Rìogh.

Le cumhachd d'fhocail Dhe tog fuas,
 An fluagh chum aithreachais na thrà,
 Is beannuich an Dàn fo do gach neach,
 Bheir feachad eisteachd dha le gràdh.

Mo smuaintidh talmhuidh Dhe tog fuas,
 'S mo theanga fuasgail ann mo bheul;
 Do chum gu'n labhrainn mar bu chòir,
 Mu ghlòir smu uamhunn laeth Dhe.

Air meadhan oidhch' n'air bhios an saogh'l,
 Air aomadh thairis ann an fuain;
 Grad dhuifgear fuas an Cinneadh Daonn',
 Le glaodh na trompaid 's airde fuaim.

Air neul ro ard ni fhoillfeach fèin,
 Ard aingeal trèun le trompaid mhòir ;
 Is gairmidh air an t faogh'l gu lèir,
 Iad a ghrad èiridh chum a mhòid :

“ O cluinnibhs uile chlann nan daoin,
 “ Do thainig ceann an t faogh'l gu beachd ;
 “ Leumaibh 'nar beatha sibhs 'ta marbh,
 “ Oir gu dearbh 'ta Ios' air teachd.”

Sèididh se le fgal co chruaidh,
 S gu 'n cuir e sleibhte 's cuain nan rith ;
 Clisgidh na bhios marbh fan uaigh,
 Is na bhios beo le h uamhunn crith.

Le h ofaig dhoinionnaich a bhèil.
 An faogh'l so rèubaidh se gu garg,
 'S mar dhùn an t feangain dol na ghluais,
 Grad bhrùchdaidh 'n uaigh a nios a mairbh.

'N fin cruinnichidh gach cos is làmh,
 Chuaidh chur fan àraich fad o chèil ;
 'S bidh farum mor a measg nan cnàmh,
 Gach aon diu dol na àite fein.

Mofglaidh na fireanaich an tùs,
 Is dùisgear iad gu leir o 'n suain,
 An anamaibh turlingidh o ghlòir,
 Ga 'n còmhlachadh aig beul na h uaigh.

Le h aoibhneas togaidh iad an ceann,
 'Ta àm am fuafglaidh orra dlù ;
 Is mar chraoibh-mheas faoi iomlan blàth,
 Ta dreach an Slànui' fhear 'nan gnùis :

Ta obair Spiorad naomh nan gràs
 Air glanadh 'n nàduir o 'n taobh steach :
 'S mar thrusgan glan 'ta ùmhlachd Chrìosd,
 Ga 'n deanamh fgiomhach o'n taobh 'mach,

Duifgear na h aingidh fuas 'n an dèigh,
 Mar bhèisdibh gairisneach as an t flochd ;
 'S o ifrinn thig an anama truagh ;
 Thoirt coinnibh uamhafach da 'n corp.

'N sin labhruidh 'n tanam brònach truagh,
 R'a choluinn oillteil; uamhurr, bhreun,
 “ Mo chlaoidh ! ciod uime dh' eirigh thù
 “ Thoirt peanas dùbailt oirn le chèil ?

“ O ! 'n eigin damhsa dol aris,
 “ Am prìofun neo-ghlan steach a'd' chrè ?
 “ Mo thruaighe me, gu 'n d' aontaich riamh,
 “ Le d' an mianna brùideil fèin !

“ O 'm fuidh me dealach riut gu bràth !
 “ No 'n d' thig am bàs an feasd a' d' chòir !
 “ 'N druigh teine air do chnamhaibh iairn !
 “ No dibh-fhearg Dhia an struidh i t fhèidil !”

Eiridh na rìghridh 's daoine mòr,
 Gun smachd gun òrdugh ann nan làimh;
 'S cha naithn' ear iad a meafg an t fluaidh,
 O 'n duine through bha ac na thràill.

'S na daoine uaibhreach leis nach b' fhiù,
 Gu 'n ùmthlaicheadh iad fein do Dhia;
 O faic anois iad air an glùn;
 Ag deanamh ùrnuigh ris gach sliabh:

“ O chreugaibh tuitfuidh air ar ceann,
 “ Le fgairnich gharbh do chlochaibh cruaidh,
 “ Is fgriosaibh finn a tir nam beò,
 “ A chum 's nach faic finn glòir an Uain!”

Amach as uamhaidh gabhuidh thriall
 An diabhal 's a chuid aingle fèin,
 Ge cruaidh e 's èigin teachd a làthair,
 Ag flaodadh fhlabhruidh air a dhèigh.

'N fin fàfuidh ruogha ann san spèur
 Mar fhàir na maidne 'g èiridh dearg;
 Ag innseadh gu bheil Iosa fèin,
 A teachd na dèidh le laeth garbh:

Grad fhofgladh as a chèil na neòil,
 Mar dhoras seòmair an ard Rìogh,
 Is foillsichear am Breitheamh mòr,
 Le glòir is greadhnachas gun chrìoch.

Tha 'm bogha-frois mun cuairt da cheann,
 'S mar thuil nan gleann tha fuaim a ghuth;
 'S mar dhealaineach tha fealladh fhùl,
 A spùtadh as na neullaibh tiugh.

A ghrian ard-locharan nan spèur,
 Do ghloir a phearfa gèillidh grad:
 An dealradh drillseach thig o ghnùis,
 A folus mùchaidh se air fad.

Cuirfidh fi uimpe culaidh bhròin,
 'S bidh ghealach mar gun dòirt' orr' fuil,
 Is crathar cumhaehdan nan spèur,
 A teilg nan rèulta as am bun.

Bidh iad air uigh-deall ann san spèur,
 Mar mheas air gèig re h anradh garbh;
 Tuiteam mar bhraonaibh dh' uisge dlù,
 'S an glòir mar fhùile duine mhairbh.

Air charabad teine fuidhidh fè,
 'S mun cuairt da bèucaidh 'n tairneanach,
 Ag dol le ghairm gu crìch na neamh,
 'S ag reub nan neul gu doineannach.

O chuidhlibh charbaid thig amach,
 Sruth mor do theine laist' le feirg;
 Is sgaolidh 'n tuil ud air gach taobh,
 Ag cur an t faogh'l na lafair dheirg.

Leaghuidh na Dùile 'nuas le teas,
 Ceart mar a leaghas teine cèir :
 Na cnoic 's na fleibhte lafaidh suas,
 'S bidh teas-ghoil air a chuan gu leir.

Na beanntaidh iargolt nach dug feach,
 An fdoras riamh do neach da'n deòin,
 Ta iad gu fialuidh taosgadh 'mach,
 An ionmhas leaght' mar abhuinn mhor.

Gach reach bha sgriobadh cruinn an òir,
 Le fannt, le dòbheart, na le fuil ;
 Lan chaisgibh 'nois bhur 'n iota mòr,
 San nasguidh òluibh dheth o'n tuil,

O sibhse ris bhur bun don t faogh'l,
 Nach dig sibh 's caoinibh e gu gear,
 'N uair tha e gleacad ris a bhàs,
 Mar dhuine làidir dol don èug.

A chuisleadh chleachd bhi fallain fuar,
 Re mireig uai'reich feadh nan gleann,
 'Ta teas a chleibh ga 'n smùidreadh suas,
 Le goilibh buaidhreis feadh nam beann.

Nach faic sibh chrith tha air mu'n cuairt,
 'S gach creug ag fuasgladh ann 's gach sliabh ;
 Nach cluinn sibh osnaich throm a bhàis,
 'S a chroidhe sgàineadh stigh 'na chliabh.

An cùrtain gorm tha nunn o'n ghrein,
 'S mu'n cuairt don cruinne chè mar chleòc,
 Crupaidh an lafair e r'a chèil,
 Mar mheillteig air na h èibhle beò.

Tha 'n t aidheir ga thachd le neulla tiugh,
 'S an toit na meallaibh dubh dol fuas;
 'S an tein millteach spùtadh 'mach,
 Na dhualaibh caifreagach m'n cuairt.

Tiomchioll a chruinne fo gu leir,
 Borb-bhèucaidh 'n tairneanach gu brais:
 'S bidh 'n lafair lomadh gloir nan spèur,
 Mar fhalaifg ris na fleibhte cas.

Is chum an doinionn atadh fuas,
 O cheithir airdibh gluaisidh ghaoth;
 Ga sgùirs' le neart nan aingle trèun,
 Luathach an lèirsgrios o gach taobh.

Ta obair na fe laeth rinn Dia,
 Le lafair dhian ga chur na sgaòil;
 Cia mor do shaoibhreas Rìog na 'm feart
 Nach iunndrain casgradh mhìle saogh'l!

'M feadh tha gach ni an glacaibh 'n èug:
 'S a chruitheachd gu lèir dol bun-oscionn,
 Teannaidh am Breitheamh oirne dlù,
 A chum gach cuis a chur gu céann.

'N sin gluaifidh fe o aird nan spèur,
 Air cathair a Mhòrdhachd fein a nuas,
 Le greadhnachas nach facas riamh,
 'S le Dhiadhach-sgeudaichte mun cuairt.

Ta mìle tairneanach 'na laimh,
 A chum a naimhde sgrios am feirg,
 Is fonn-chrith orr' gu dol an grèim,
 Mar choin air èill re h am na feilg.

Ta aingle gun àireamh ann na chùairt,
 Le 'n fùilibh fuidhicht' air an Rìogh,
 Chum rith le ordughfan gun dàil,
 S na h uile àit ga'n cur an gnìomh.

O Iudas thig anois a làthair,
 'S gach neach rinn bràithreas riut a' d'ghnìomh,
 An dream a dh'àichean creidimh Chrìofd,
 Na rèic e air son ni nach b'fhiach.

A shluagh gun chiall thug miann don òr,
 Roimh ghlòir is aibhneas flaitheas De,
 Bhur malairt ghòrach faicibh nois,
 'S an sgrios a thug sibh oiribh fein,

'S a mhuinntir uaibhreach leis 'mbu nàr,
 Gu 'n cluinnte cràbhadh dhà 'n ar teach;
 Faicibh a ghlòir 's na b' iongnadh leibh,
 Ged dhruid e sibh a' rìogh' chd amach.

O Herod faic a nois an Rìogh,
 D'an d'thug thu spìd is mafladh mòr,
 Ga sgeudachadh le trufgan ruogh,
 Mar shuaincneas sgallais air a ghloir.

Nach faic thu Breitheamh an t saoghail gu leir
 'S mar èudach uime 'n lafair dhearg;
 Ag teachd thoir duais do dhaoine còir,
 'S a fgrios luchd dòbheirt ann am feirg?

Is thusa Phìlat tog do shùil,
 'S gu 'm faic thu nois' a mùgha mòr;
 An creid thu gar h e fud an Tì
 A rinn thu dhiteadh air do mhòd?

An creid thu gur e fud an ceann,
 Mun d' iath gu teann an fgitheach gèur?
 Na idir gur i fud a ghnùis,
 Air theilg na h Iùdhaich fileadh brèun!

'M bu leor gur theich a ghrian air cùl,
 Ag diultadh fiadhnuis thoirt don ghnìomh?
 Ciod uim' nach d'fhuair a chruitheachd bàs,
 'N uair chèusadh air a chrànn a TRIATH!

Cuirfidh se aingle 'mach gach taobh,
 Chum ceithir ghaothaibh 'n domhain mhòir,
 A chuar teachadh gach aon don t fluagh,
 A steach gu luath a dhionnfuidh mhòid.

Gach neach a dh' àitich coluinn riamh,
 O'n ear 's o'n iar tha noife teachd,
 Mar scaoth do bheachaibh tighn mu ghèig,
 An deidh dhoibh èiridh 'mach o'n scep.

'N fin togfuidh aingeal gloirmhur suas,
 Bratach Chrìosd da'n fuaincneas fuil :
 A chruinneachadh na ghluais san chòir,
 'S da fhulangas rinn dòigh is bun.

Da h ionnfuidh cruinnicheadh mo naoimh,
 Is tionailibh gach aon don dream,
 A rinn gu dileas is gu dlù,
 Le creideamh 's ùmhlachd ceangal leam.

'N fin tionsgnaidh 'm Breith' air cùis an là
 Do chum a nàimhde chur faoi bheinn,
 Is fosglaidh fe na leabhraim suas,
 Far am bheil peacadh 'n t fluaigh air chuimhn' :

Fosglaidh fe 'n croidhe mar an cèu'n,
 Air doigh 's gur lèir don uile neach,
 Gach uamharrachd bha gabhail tàmh,
 Air feadh an àrois ud a steach :

'N uair chi an sealladh fo dhiubh fein,
 Is dearbh gur lèr dhoibh ceartas Dia ;
 'S bidh 'n gruaidh a leaghadh as le nàir,
 Nach lugha cràdh na teine dian.

Togfuidh an trompaid 'rìfd a fuaim,
 Na labhradh is na gluaiseadh neach ;
 Air chor gu'n cluinn gach beag is mòr
 A bhreith thig air gach feòrt' amach.

“ A dhaoine fanntach thrèig a chòr,
 “ 'S a leag bhur dòchas ann bhur toic,
 “ 'S a ghlais gu teann bhur croidhe fuas,
 “ 'S a dhruid bhur cluas re glaodh nam bochd:

“ An lomnochd cha do dhion o'n fhuachd,
 “ 'S don ocrach thruagh cha d'thug sibh biadh,
 “ Ged lion me fein bhur cisd' do lòn,
 “ 'S bhur treuda' chur a mòid gach bliadhn.

“ Ni bheil sibh iomchuibh air mo rìogh'dhd,
 “ As eugmhais f'irinn, iochd, is is gràidh :
 “ 'S o reub sibh m' iomhadh dhìbh gu lèir,
 “ Agraibh sibh fein 'nar sgrios gu brath.

“ Is sibhs' bha guidheachan gu dian,
 “ *Gu'n glacadh 'n Diabh'l bhur 'n anam fein ;*
 “ 'S meithich bhur n'ùrnuigh fhreagrach dhuibh,
 “ 'S na h abraibh chaoidh', *Cur cruaidh am beinn.*

“ Is sibhs' a rinn bhur teanga' fein,
 “ A ghèurachadh chùm uile mar feian.
 “ Le tuaileas, culchainnt, agus brèug'
 “ 'S le blaispheum tabhairt bèum do Dhia.

- “ A nathraiche millteach 's oillteil greann.
 “ Cha bhinn leam ceol bhur franruich ard,
 “ 'S cha 'n eifd o'r teangaidh ghobhlaich cliù
 “ Le drùchd a phuifeinn air a barr.
- “ Is sibhs' thug fuath do m' orduigh naomh,
 “ Is leis nach b'ionmhuinn caomh mo theach;
 “ Leis am bu bhliadhna fuidhe uair,
 “ Am àros tabhairt cluais do m' reachd:
- “ Cionnas a mhealas sibh gu bràth
 “ Am sheirbhis fàbaid fhiorruidh bhuan!
 “ Na cionnas bheir bhur n anam gràdh,
 “ Don ni da'n d'thug bhur nàdur fuath?
- “ Luchd mìruin agus formaid mhòir
 “ Da'n dòruinn iomlan fonas chàich
 “ Le doilghios geur a cnàmh bheir teang'
 “ Mu aon neach oirbh fein bheir bàrr:
- “ Cionnas a dh' fheuas sibh gu bràth
 “ Lan fionas aiteach ann an glòir;
 “ Far am faic sibh mìlte dream.
 “ Ga'n ardach os bhur ceann gu mòr?
- “ Am fad 's bu lèr dhuibh feadh mo rìogh'chd,
 “ Neach b' airde inbhe na sibh fein;
 “ Nach fadadh mìrun 's formad cùirt,
 “ Tein' iffrin duidh am flaitheas De?

“ Mar b' ionmhuinn leibh bhi losgadh 'n teas
 “ Bhur n uabhair, dheafuich me dhuibh fearg,
 “ Leabuidh theth ann luidh sibh fìos,
 “ Am brachaibh-lìn do lafair dheirg :

“ Ged bheirinn sibh gu rìoghachd mo ghloir,
 “ Mar mhucaibh steach gu seòmar Rìogh ;
 “ Bhur nadur neoghlan bhiodh ga chràdh,
 “ Le'r miannaibh bàfuchadh chion bìdh.

“ Gach neach tha iomchuibh air mo rìogh'chd,
 “ Teannuibh sibhse chum mo dheis,
 “ Is crunnichidh feachd chum mo chli,
 “ A chrìonach o na crannaibh meas.”

'N sin tearbainidh fe chum gach taobh,
 Na caoraich o na gabhruibh lom ;
 Ceart mar ni buachaille an trèud,
 'N uair chuirteachais e sprèidh air tom.

'N sin labhrudh fe re-luchd a dheis,
 “ Sibhs' ta deafuicht le mo ghràs,
 “ Thigibh, sealbhuichibh an Rìoghachd,
 “ Nach faic a fonas crìoch gu bràth.

“ Do spealg me 'n geat' bha oirbhse dùinnt,
 “ Le m' ùmhlachd 's m' fhulangas ro-gèur :
 “ 'S dh' fhosgail an t sleadh gu farsuing suas,
 “ Am leath-taobh doras nuadh dhuibh fein.

“ Chum craoibh na beath' ta 'm Fàrrais Dè,
 “ Le h cìbhneas teannaibh steach do còir :
 “ 'S a fearta iongantach gu lèir,
 “ Dearbha bhur nuile crèuchd 's bhur leon.

“ An cloidheamh bha ruisgte laist' da dion,
 “ O laimh ar finnfir Adhamh 's Eubh,
 “ Do rinn me truaill dom chroidhe dhà,
 “ 'S a lafair bhàth me le m' fhuil fèin.

“ Faoi dofraich ùrair fuidhibh fìos,
 “ Nach fearg 's nach crìon am feafd a blàth ;
 “ 'S mar smeòraichibh a measg a geug,
 “ Chum molaidh glèusaibh binn bhur càil.

“ Le a maife sàfuichibh bhur fùil,
 “ Is oribh faoi sgàil cha drùigh an teas,
 “ O a duillich chùraidh òluibh slàint ;
 “ Is bithibh neimh-bhasbhur le na meas.

“ Gach uile mheas tha 'm Fàrrais Dè,
 “ Ta nois gu lèir neimh-thoirmisgt' dhuibh ;
 “ Ithibh gun eagal o gach gèig,
 “ A nathair nimh dar tèum a choidhch.

“ Is uile mhiann bhur n anama fèin,
 “ Lan-sàfuichibh gu lèir ann Dia,
 “ Tobar na firinn, iochd, is gràidh,
 “ A mhaireas làn gu cian na 'n cian.

- “ Mor-inntleachd iongantach na flàint.
 “ Sior rannfuichibh air àird 's air leud,
 “ 'S feadh oibriche mo rioghachd mhòir,
 “ Bhur n eòlas miannach cuiribh 'meud.

 “ Bhur n aoibhneas, mais, bhur tuigs', 's bhur
 “ Bitheadh gu siorruidh fàs ni 's mò: [gràdh,
 “ 'S ni 'n coinnich sibh aon ni gu bràth,
 “ Bheir air bhur n anam cràdh no leòn.

 “ Cha n fhacadh fùil, 's cho chuladh cluas,
 “ Na thaifg me fuas do fhonas duibh,
 “ Imichibh, 's biodh bhur dearbheachd fèin,
 “ Sior-innfeadh fgeul duibh air a chaoidhch.”

- Ach ris a mhuinntir th'air a chli,
 Labhruidh se 'na dhìoghaltas cruaidh,
 “ A chuideachd nach d'thug gràdh do Dhia,
 “ A chum an diabhair fiubhlaibh uam.

 “ 'S mo mhalluchd maille ribh gu brath,
 “ A chum bhur cràdh 's bhur cur gu pian:
 “ Gluaifibh chum an teine mhòir,
 “ Dar ròsdadh ann gu cian nan cian.”

Mar a fgaibh an talamh as a chèil,
 N uair ghabh e teaghlach Chòrah steach,
 Ceart laimh riu fosglaidh 'n uamha bèul,
 S i miananaich air son a creich.

Is mar a fhluig mhuc-mhara mhòr,
 Iònas 'n uair chuaidh theilgeadh 'mach,
 Ni flugan dubh an dara bàis,
 A charabad iathadh umpa steach.

San uamhaidh taobhaidh iad re chèil
 A ghluais na mbeatha gu h'èucorach :
 Luchd mionn is mortaidh 's fia'nais bhreig ;
 Luchd meisg is rèibinn 's adhaltranais.

Mar chualaig dhريس an ceangal teann,
 Ann slabhruidh tha gach dream leo fèin ;
 'S an comunn chleachd bhi 'n caidreamh dlù,
 Mar bhioraibh rui'ste dol nan crè.

Mar leómhan garg faoi chuibhreach cruaidh,
 Le thoscaibh rèubadh fuas a ghlais :
 An slabhruidh cagnuidh iad gu dian,
 'S gu brath cha ghearr am fiacra phrais.

Bidh iad gu fiorruidh 'n glacaibh bhàis
 S' an croidhe ga fhàsgadh asd' le bròn,
 Ceangailt' air cuan do phronnasc laisd'
 'S a dheatach uaine tachd' an fròn.

Mar spairneig fuaighte ris an sceir,
 Tha iad air creugaibh goileach teann :
 Is dibh-fheirg Dhe a feideadh chuain,
 Na thonnaibh buaidhreis thair an ceann.

'Nuair dhùineas codal cruaidh an fùil,
Teas feirg 's an-dochas dùifgidh iad ;
A chnuimh nach bàfuich 's eibhle beò,
Ag cur an dòruinn shiorruidh 'meud.

Air ifrinn 'n uair a gheibh iad fealbh,
'S lan-dearbha co ga 'n toir iad cìs,
Feudfuidh sinn an gearan truagh,
Chur ann 's na briathraibh cruaidh fo fios.

“ O staid na neimhni 'n raibh me 'm thàmh,
“ Ciod uime dh'àrduch Dia mo cheann !
“ Mo mhìle malluchd aig an là
“ 'N do ghabh mo mo mhathair me na broin !

“ Ciod uime fhùair me tuigfe riamh ?
“ Na ciall is reufan chum mo fdiùr ?
“ Ciod uim' nach d'rinn thu cuileag dhiom ?
“ Na durrag dhìblidh ann fan ùir ?

“ Am mair me 'n fo gu faogh'l nan faogh'l !
“ 'N dig crìoch na coachladh orm gu brath !
“ Am bheil me nois fan t fiurruidheachd bhuan,
“ A' snàmh a chuain ata gun tràigh !”

“ Ged àiream uile reulta neamh,
“ Gach fèur is duillich riamh a dh'fhàs,
“ Ma' ris gach braon ata fan chuan,
“ 'S gach gaineamh chuàirticheas an tràigh :

“ Ged chuiream mìle bliadhna feach,
 “ As leth gach aon diubh fud gu leir,
 “ Chad'imthich feach don t fìorruidheachd mhòr,
 “ Ach mar gu 'n tòifichheadh i 'n de.

“ Ach O! 'n do theirig trocair Dhia!
 “ 'S am pian e me gu faogh'l nan faogh'l!
 “ Mo shlabhruidh 'n lasuich e gu bràth!
 “ No glas mo làmh an deun e fgaoil!

“ 'M'bi mbeul a dh'orduich Dia chum feinn
 “ Air feadh gach linn a chliù gun fgiòs,
 “ Mar bhalagan-fèididh fadadh fuas
 “ Na lafraich uain ann ifrinn fhìos!

“ Ged chuaidh mo thruaighe thair mo neart
 “ Gu deimhin fein is ceart mo bheinn;
 “ Ach caite bhios me 'n fo gam chràdh,
 “ Mu'm bi do cheartas fàitheach dhìom!

“ No 'm'bi thu dìo'lte dhìom gu bràth?
 “ 'N deach lagh an nàduir chur air cùl?
 “ Mo thruaighe me! 'ne fo am bàs
 “ A bhagair thu air Adhamh 'n tùs?

“ Air fgà do dhìo'ltais 'm bi thu fniomh
 “ Sntahain mo bheath' gu fìorruidh caol?
 “ Nach leor bhì mìle bliadhna gam losg'
 “ As leth gach lochd a rinn me 's t faogh'l?

“ Ged lean do dhìo’ltas me ga’m chùl,
 “ Cha ’n arduich e do chliù a Dhe,
 “ ’S cha’n fhiù dot Mhòrdhachd t fhèarg a chofd,
 “ Air comharrtha co bochd rium fein,

“ O Dhia ! nach sgrios thu me gu tur ?
 “ ’S le d’ chumhachd cuir air m anam crioich,
 “ ’S gu ffaid na neimhni teilg me uait,
 “ Far nach ’eil fulang, smuain, no gnìomh.

“ Ach Ó ! se fo mo thoilltneas fein
 “ Is ni bheil èucoir bunntain rium ;
 “ Oir dhiùlt me tairgse shaor do Chrìofd,
 “ ’S nior ghabh me da fhuil phrìfeil fuim.

“ Mo choguis dìtidh me gu bràth,
 “ An fhia’ nais hha ga ’m chàineadh riamh ;
 “ An-ìochd na èucoir ann mo bhàs,
 “ Cha leig i chàramh ’m feaid air Dia.

“ Do theilg me àitheanta air mo chùl,
 “ Is rith me dùthrachdach gum sgrios,
 “ Is fhia’nais fein a’ m’ chroidhe mhùch,
 “ Ag druid mo fhùile roimh mo leas.

“ Cia meud an dìogh’ltas tha dhamh ’n dual
 “ As leth mo pheacaidh uamhurr dàn !
 “ Am peac’ thug dù’lan do fhuil Chrìofd,
 “ ’S a dh’fhàg gun eifeachd brìogh a bhàis !

- “ Gidheadh nach ’eil do Bhuaidhean fein
 “ Neimh-chriochanach gu lèir o chian ?
 “ S an d’ thoir mo chionnt air iochd, ’s air gràdh,
 “ Gu’m fàs iad criochanaicht ann Dia ?
- “ Bheil comas duit mo thilgeadh uait
 “ Far nach cluinn do chluas mo screid ?
 “ ’M bheil dorchadas an ifrinn fein
 “ Far nach lèr do Dhia mo staid ?
- “ Ann d’ aoibhneas iomlan, ’n eisd dò chluas
 “ Re creutair truagh a rinn do làmh,
 “ Ag èigheach, *Athair!* gabh dhìom truas,
 “ ’S leig fuarach do ghoil-smear mo chnàmh ?
- “ Eisd o mo Dhia ! mo thagradh bochd,
 “ ’S gach ofna ghoirt ’ta tighn a ’m chliabh,
 “ ’S aon athchuinge do iarram ort,
 “ Tairèis gach lochd a rinn me riamh :
- “ ’N uair ghuileas me deich mìte bliadhn
 “ San lafair dhian fo fein gam chràdh,
 “ ’N uair fgitheas deamhain bhi gam phian,
 “ *O deonich Dhia gu’m fuidh me bas!*
- “ Ge truagh mo ghuidhe cha’n eistear è
 “ Is fois na fèdh cha’n fhuidh me chaoidh’
 “ Ach beatha neimh-basmhur teachd as ùr
 “ Gu’m neartuch ghiùlan tuille claoi”

Ach stad mo Rann is pill air h ais
 O fhlochd na casgraidh dhèin a nìos,
 Is feuch cionnas a bheir thu feòl
 Don dream tha beò nach d' theid iad fìos.

A lèughadoir a bheil e fìor.
 Na chuir mi cheana fìos am Dhàn?
 Ma fe 'fgu bheil thig 's lùb do ghùn.
 Le ùrnuigh 's aithreahas gun dàil:

A dh' ionnsuibh Iofa teic gu luath,
 Ag gabhail gràin is fuath do d' pheac',
 Le creideamh fìor bheir ùmhlachd dhà,
 Ann uile àitheanta naomh a reachd.

Gabh ris 'na oifigibh gu lèir,
 'S re h aon diubh na cuir fèin do chùl;
 Mar Fhàidh, mar Shagart, is mar Rìogh,
 Chum flàinte, didean, agus iùil.

Biodh eifiomplair am beachd do fhùl,
 Chum d' uile ghluafachd fdiùr da rèir,
 'S gach meadhon dh' orduich e chum flàint,
 Bi fein gan gnathnachadh gu lèir.

As fhìreunteachd dean bun a mhàin;
 'S na taic gu bràth re d' thoilltneas fèin:
 'S mas àill leat èifeachd bhi na ghràs,
 Na h alltrum peacadh dàimh a' d' chrè.

Mar sin ged tha do chionnta mòr,
 Chum gloir do Tighearn faorar thù,
 Is chum do shonas fìorruidh fein,
 Air feadh gach rè ag feinn a chliù.

B R U A D A R.

A IR bhith dhamhsa ann am shuain
 Re bruadar diomhain mar tha càch,
 Bhi glacadh fonais o gach nì;
 Is e gam dhìbreadh ann 's gach àit.

Air leam gun d'thainig neach am chòir,
 'S gu'n dubh'rt e riom, " Gur gòrach mì,
 " Bhi smuainteach greim a ghleidh' don ghaoith,
 " 'No gun lion an faogh'l mo chrì,

" Is diamhain duit bhi 'g iarruidh fàimh,
 " 'N aon nì, no 'n àit air bith faoi 'n ghrèin;
 " Cha chlos do d' chorp an taobh fo 'n uaigh,
 " 'No d' anam 'n taobh fo shuaimhneas Dè.

" 'N tra dh'ith Adhamh 'meas an tùs,
 " Am peacadh dhrùigh e air gach nì;
 " Lion na h uile nì le faothair,
 " Is dh'fhag e 'n faogh'l na bhrìste cri'.

“ Air fonas anama chaill e chòir,
 “ Ma’ ris gach fòlas bha’nna fa ghàrr’ :
 “ O sin ta fhliochd nan deòraibh truagh ;
 “ Mar uain a mearachd air a màthair.

“ Re mèlich chruaidh tà’id rith gach nì,
 “ Ann duil gu ’m fuidh an inntin clos ;
 “ Ach dhoibh tha ’n faogh’l gun iochd no truas,
 “ Mar mhuime choimhich fhuair gun tlus.

“ Mar sin tha iad gun fhois no tàmh,
 “ Ga ’n fàruch glacadh faileas brèig ;
 “ ’S ag deòl toil-inntin o gach nì,
 “ Is iad mar chiocha feasg nam bèul.

“ Bidh teanndachd eigin ort am feast,
 “ ’S do dhochas faicfin fuaigladh d’fhèum,
 “ An comhnuidh dhuit mar fhad do làimh ;
 “ Ach gu bràth cha’n fhuidh dheth grèim.

“ Cha teagaisg d’fheuchain s dearbha thù,
 “ O dhùil is earbsa chuir fa bhrèig,
 “ A rinn do mhealladh mìle uair,
 “ ’S co-fhada uait an diu fan dè.

“ An nì bu mhò da’n d’thug thu miann,
 “ Nach d’fhag a mhealltuinn riamh e fearbh ?
 “ Tha tuille fonais ann an dùil,
 “ Na tha ’n crùn le bhi na shealbh.

“ Ceart mar an ròs ata fan ghàrr’,
 “ Searguidh bhlàth ’n uair theid a bhuain;
 “ Mun gann a ghlacas tu e d’làimh,
 “ Trèigidh àile e ’fa fhnuadh.

“ Ni bheil neach ó thrioblaid faor,
 “ Am measg a chinneadh daonn air fad:
 “ ’S co lionmhur ofna aig an Rìogh,
 “ Is aig an neach is ìfle staid.

“ Ta smùdan fein as ceann gach fòid
 “ Is dòruinn ceangailt’ ris gach maith
 “ Tha ’n ròs a fas air drifibh gèur
 “ ’S am pàirt a chèil tha mhil fan gath.

“ Ged fhaic thu neach ann foibhreás mòr
 “ Na meas a shòlas bhi thair càch:
 “ An tobar ’s gloine chi do fhùil,
 “ Tha ghrùid na ìochdar gabhail tàmh:

“ ’S mu chuireas d’ anail e na ghluais,
 “ Le tarruing chabhaig suas a’ d’ bhèul,
 “ Duifgidh ’n ruoghan dearg a nìos,
 “ S le gaineamh lionaidh fe do dhèud.

“ ’S ged fhaic thu neach ann inbhe ard,
 “ Tha e mar nead am barr na craoibh;
 “ Gach sdoirm a bagradh thilgeadh nuas,
 “ Is e air luafgadh leis gach gaoith.

“ An neach is fearr tha 'n faogh'l a riar,
 “ Tha fiaradh eigin ann na staid,
 “ Nach deun a sheòltachd is a strì,
 “ Am feast a dhìreachadh air fad.

“ Mar bhata' fiar an aghuidh chèil,
 “ Ata o shuidheach fèin doth-chur;
 “ A reir mar dhìreas tu a bharr,
 “ 'S co-chinnteach ni thu cam a bhun.

“ Na h Iudhaich thionail beg no mòr,
 “ Don Mhanna dhòirteadh orra 'nuas;
 “ 'N uair chuir gach neach a chuid san chlàr,
 “ Cha raibh air bàrr na dadum uaith:

“ Mar sin ata gach fonas faogh'lt,
 “ Ata thu faotainn ann a d' làimh,
 “ Fa chomhair faidhbhreas, 's inbhe cùirt
 “ Tha caitheamh, cùram, agus cràdh.

“ Ged charn thu òr a d' shlige suas,
 “ Fa chomhair fàfuidh 'n luaidh da rèir
 “ Is ge do chuir thu innte rogh'chd
 “ A mheidh cha dìrich i na dèigh.

“ Tha cuibhrinn iomchuidh aig gach neach,
 “ 'S ged tha thu meas gùr tuille b' fhearr;
 “ Cha d' thoir an t anabarr tha'nn a sud,
 “ Am feafd an cudthrom as chràdh.

- “ O iomluain d’ inntin tha do phian;
 “ Ag diùltadh ’n diu na dhiarr thu ’n dè:
 “ Cha chomafach an faogh’l do riar,
 “ Le d’ anamianna ’n aghuidh chèil,

 “ Na m fuigheadh toil na feol a rùn,
 “ Da mianna brùdail dhiarradh fàth:
 “ Flaitheas bu aird cha’n iarradh ì,
 “ Na ionnta sud bhi fìorruihh fnàmh.

 “ Ach ged a b’ ionmhuinn leis an fheoil,
 “ Air talamh còmhnuchadh gach rè:
 “ Bhiodh dùthrachd d’ ardain agus d’ uail,
 “ Co arda shuas re Cathair De,

 “ Ach na mbàill leat sonas buan,
 “ Do fhlighe tabhair suas do Dhia,
 “ Le dùthrachd, creideamh, agus gràdh,
 “ Is fàfuichidh e d’ uile mhiann.

 “ Tha ’n cuideachd sud gach ni san t faogh’l,
 “ Tha ’n comas daoine shealbhach fìor;
 “ Biadh, is eudach, agus flàint,
 “ Is saorfa, càirdeas, agus, fìth.”

Ann fìnn do mhosgail as mo shuain,
 Is dh’fhag mo Bhruadar me air fad:
 ’S do leig me dhìom bhi rith gach sgàil,
 Is dh’fhàs me toilichte le’m staid.

AN GAISGEACH.

CHA bu ghaifgeach Alastair mòr,
 Na Cefar thug an Ròimh gu gèill :
 Oir ged a thug iad buaidh air càch,
 Dh' fhan iad nan tràill' da miannaibh fèin.

Cha ghaifg an ni bhi liodaird dhaoin,
 S cha chliù bhi ann an caonnaig tric :
 Cha 'n uaille inntin ardan borb,
 'S cha treubhantas bhi garg gun iochd.

Ach 's gaisgeach eifean a bheir buaidh
 Air eagal beatha, 's uamhunn bàis,
 'S a chòmhlucheas le meifneach crì',
 Na h uile ni ata dha 'n dàn.

Lè gealltachd cionnt, cha teich air cùl
 'S an am an dùifg a choguis fein,
 A tagradh eifdidh fe gu ciùin,
 'S an ceartas dùinidh fe a bèul,

'S e 'n gaisgeach eifean bheir faoi chis,
 A thoil chum strìochd do reufan ceart,
 'S a smuaintidh ceannairceach gu lèir,
 Bhì 'n ordugh gèilleachdain da smachd,

A mhianna brùdail faltruidh fìos,
 'S mar bhuill a chuirp faoi chis, atàid,
 'S cha 'n irislich e fein da 'n riar,
 O nach gu riaghladh rugadh iad.

San oidhch 'n uair luidheas e chum fuain,
 Bidh shubhailcean mun cuairt da fèin;
 Mar shaighdearain an tiomchioll Rìogh,
 Ga dhèidean o gach namhaid trèun.

'S an mhaduin 'n uair a dhèireas suas,
 Cruinnichidh smuainteadh as gach àit,
 'S e fein nan ceann mar chaipin feòlt,
 Ga 'n fuidheach ann an òrdugh blàir:

Chum cogadh 'n aghuidh miann na feòl,
 Gach bochduinn, 's dòruinn 'ta fan t faogh'l,
 Gach ribeadh is gach inntleachd bàis,
 Ta 'n deamhan gnàthach 'n aghuidh dhaoin.

Ta inntin daingion mar a chreug,
 Cha charuich eagal e no fiamh:
 Ta shuilean furàchar is gèur,
 Is lèr dha 'n dubhan troi' 'n bhiadh.

Gu diamhain nochdfuidh 'n faogh'l a ghlòir,
 Gach òr is inbhe ata ann;
 Ta fàidhbhreas aig co pailt na chrì',
 'S gur truagh leis Rìogh is' crùn mu cheann.

Is ge do fgaoil an ftriopach lìon,
 Gu ghlac' le ìntleachdaibh a mais ;
 Cha drùidh air dealanach a fùl,
 'S cha leagh i rùn le miannaibh laist.

A nàmh cha choifin air gu bràth,
 Ged fhuidh e fàruchadh re h uair ;
 'S e neart 's a fhlaite croidhe brùit,
 Is air a ghlùinibh bheir e buaidh.

'S i 'n fhirinn ghlan is clogaid dà,
 Is gràs a chreideamh aig mar fgiath ;
 'S e 'n scription naomh a chloidheamh gèur
 'S a mheifneach ta gu lèir ann Dia.

Ta fìothchaint aig 'na intinn fèin,
 'S a choguis rèidh ris ann 's gach dì ;
 Ta faidhbheas aig nach lèr do dhaoin,
 Is air nach cuir an faogh' l so crìoch.


Re miodal tlà cha 'n eisd a chluas,
 Is sgainnil ghraund cha bhuaidh'r a fhìth,
 Cha ghabh e eagal a' droch-sgèul,
 Is tuaileas brèig cha lot a chrì.

O m' anam ! dùifg is deasfuch d' airm,
 'S gabh farmad ris a ghaisgeach threùn,
 is d' anamianna cuir faoi chis,
 Chum rìogh' chd a cheannfach annad fein.

Biodh d' inntinn ard ofcionn nan spèur,
 Cha 'n 'eil faoi 'n ghrèin ach pòrfan truagh;
 Mar tholman ùire faic an faogh'l,
 Is daoin' mar sheangain air mu 'n cuairt:

A nunn 's a nall gun fhois gun tàmh
 Ag cruinneach as gach àit da 'n cisd
 Gu lionmhor marcachd thair a chèil
 'S a trod gu gèur mu bhiran brist.

'N uair chi thu 'n fealladh fo don t fluagh,
 Do smuaintidh cruinnich riot gu lèir,
 A shealbhach faidhbhreas, fonas, 's fith,
 Air nach d'thig crìoch a' d' anam fèin.



AN CLAIGEAN.

'S MI 'm fhuigh aig an uaigh,
 Ag amharc mu bruaich,
 Feuch Claigionn gun snuagh air làr;
 Do thog me e fuas,
 Ag tiomach gu truagh,
 Ga thionndadh mu 'n cuairt am làimh.

Gun àille gun dreach,
 Gun aithne gun bheachd;
 Air duine theid feach na dhàil:
 Gun fhiacail na dhèud,

No teanga na bhèul,
No flugan a ghlèufas càil.

Gun ruiteag na ghruaidh,
'Se rùisgte gun ghruag ;
Gun eifdeachd na chluais do m' dhàn :
Gun anail na shròin,
No àile don fhòid,
Ach lag far 'm bu chòir bhi àrd.

Gun dealradh na fhùil,
No ròsg uime dùn,
No fraodhrac re h iùl mar b' àbh'fd ;
Ach durroga crom,
A chleachd bhi fan tom,
Air claodhach da tholl nan àit.

Tha 'n teanachain bha 'd chùl,
Air tionndadh gu fmùr,
Gun tionnsgal no fùrd air d'fhèum :
Gun smuainteach a' d' dhàil,
Mu philleadh gu bràth,
A cheartach na dh'fhag thu 'd dhèidh.

Cha 'n innis do ghnùis,
A noife cia thù,
Mas riogh no mas diùbhc thu fèin :
'S ionan Alastair mòr,

Is tràille dhith liòn,
A dh' èug air an òtrach bhrèun.

Fhir dheanàmh na h uaigh,
Nach cogair thu 'm chluais,
Co 'n claigionnn fo fhuair me 'm làimh ?
'S gu 'n cuirinn ris ceisd,
Mu ghna mu 'n do theasd ;
Gar am freagair e 'm feasd mo dhàn.

'M bu mhaighdionn deas thu,
Bha sgiamhach a' d' ghnùis,
'S deadh shuidheach a' d' fhùil da reir ?
Le d' mhaife mar lìon,
A ribeadh mu chrì,
Gach ògainich chiodh thu fein.

Tha noife gach àgh,
Bha coisinn duit gràidh,
Air tionndadh gu gràin gach neach ;
Marbhasc air an uaigh,
A chreach thu don bhuaidh,
Bha ceangailt' re sruadh do dhreach.

No 'm breitheainh ceart thu,
Le tuigs' agus iùl,
Bha reiteach gach cùis don t sluagh ;
Gun aomadh le pàirt',

Ach dìte gu bàs,
Na h eucoir bha dàicheil cruaidh ?

No 'n do reic thu a chòir,
Air ghlacaid don òr,
O 'n dream ga 'n raibh fdòras pàilt ?
Is bochdan an t fluaigh,
Faoi fhoirneart ro chruaidh,
Ag fulang le cruas na h airc.

'S mar raibh thufa fìor,
Ann d' oifig am beinn,
'S gun drinn thu an dìreach fiar ;
'S co chinnteach an nì,
'N uair thainig do chrìoch,
Gu 'n deachaidh do dhìt le Dia.

No 'n raibh thu a d' lèigh,
Ag leigheas nan crèuchd,
'S a deanamh gach èugcail flàn ?
A' d' ioc-shlaintibh mòr,
Ag deanamh do bhòsd,
Gu 'n dibreadh tu chòir o'n bhàs ?

Mo thruaighe gun thrèig,
Do leigheas thu fèin,
'N uair bha thu faoi èugcail chruaidh
Gun fhoghnadh gun stà,

Am purgaid no 'm plàfd,
Ged chonbhail aon trà o'n uaigh.

No 'n feanalair thù,
A choisinn mor-chliù,
Le d' fhèoltachd a sdiù'radh airm?
Air naimhde toirt buaidh,
Ga 'n cur ann fan ruaig,
'S ga 'm fàgail nan cruachaibh marbh:

'N raibh do chloidheamh gun bheart,
No 'n d' fhag thu do neart,
'N uair chionnich thu feachd na h uaigh,
'N uair b' eigin duit gèill,
A dhaindeoin do dhèud,
Do dh' armait' a pheistidh truagh?

Tha na duirraig gu trèun,
Re d' choluinn cur fèisd,
'S ag coisne ort fèisd gach là;
Is claign do chinn,
Na ghearasdan dion,
Aig daolagaibh dìblidh 'n tàmh:

Pàirt claodhach' do dhèud,
A steach ann a' d' bhèul
'S cuid eile ag rèub do chluas;
Dream eile nan-scùd

Tigh'nn amach air do fhùil,
A spuinneadh 's a rùsg do ghruaidh.

No 'm fear thu bha pòit,
Gu tric a stigh òfd,
'S tu croidheil ag òl an dram?
Nach iarradh dhuit fèin,
Do fhlaithneas Dè,
Ach beirm a bhi 'g èiridh d' cheann?

Nach iarradh tu cheòl,
Ach mionna mun bhòrd,
Is feuchain co 'n dòrn bu chruaidh:
Mar bho no mar each,
Gun tuigfe gun bheachd,
'S tu brùchdadh fo sgeith mun chuaich?

Na 'n duin' thu bha gluas,
Gu cionalta fuairc,
Gu meafaradh stuan mu d' bhòrd;
Le miannaibh do chrè,
Faoi chuibhreachadh gèur,
'N am fuidhe gu fèisd 's gu fògh?

No 'n geòcaire mòr,
Bha gionach air lòn,
Mar choin ann am feòlach dearg;
Ag toileach do mhiann,

Bha duilich a riar,
'S tu geilleadh mar Dhia do d' bholg?

Tha noife do bhrù,
Da 'n raibh thu a lùb,
Do ghaineamh 's do ùir gle làn :
'S do dheudach air glas,
Mu d' theangaidh gun bhlas,
Faoi gheimhlichibh prais a bhàis.

No morair ro mhòr,
A thachair am dhòrn,
Neach aig an raibh còir air tìr ;
Bha iochdmhar re bochd,
A cluthach nan nochd,
Reir pailteas a thoir 's a nèith?

No 'n raibh thu ro chruaidh,
A fionnadh do thuath,
'S a tanach an gruaidh le màl ;
Le h agartas gèur
A glacadh an sprèidh
'S am bochduinn ag èimheach dàil?

Gun-chroidh' aig na daoin,
Bha'r lomadh le h aois,
Le 'n claiginnibh maòla truagh ;
Bhi feafamh a' d' chòir,

Gun bhoinead nan dòrn,
Ge d' tholladh gaoth reòt an cluas :

Tha noife do thràill,
Gun urram a' d' dhàil,
Gun ghearfom gun mhàl gun mhòd ;
Mor-mholadh don bhàs,
A chafgair thu trà,
'S nach d' fhuiling do stràic faoi 'n fhòid.

No 'm ministear thù,
Bha tagradh gu dlù,
Re pobull ann ùghdaras Dhè ;
Ga 'm pilleadh air ais,
Bha 'g imeachd gu brais,
Gu h ifrionn a casgradh dhèin ?

No 'n raibh thu gun fgoinn,
Mar mhuime mu chloinn,
Gun chùram a h oighreachd Dhè ;
Na 'm fuidheadh tu 'n rùsg,
Bha comadh co dhiù,
Mu 'n t feannach bhi stiùbhradh 'n trèud ;

Leam 's cinnteach gun d' fhuair,
Do dheanadas duais,
'N uair rainig thu 'm Buachaille mòr :
N uair chuairtich am bàs,

A steach thu na làith'r,
Thoir cunntas a' d' thàluinn dò.

No 'n ceann thu bha làn,
Do c' ' inntleachdaibh bàis,
Gu feolta ga 'n tàdh-r'a chèil;
Ga 'n cuir ann an gnìomh,
Gun umhail gun fhiamh,
A freagradh do Dhia nan dèigh?

'N raibh teangadh nam brèug,
Gun chuibhreach faoi d' dhèud,
A tog'ail droch sgèul air càch;
Gath puisein do bhèil,
Mar naithir a tèum,
'S a lotadh nan cèud gach là?

Tha i noife na tàmh,
Faoi cheangal a bhàis,
Gun sgainnil a plàigh na dùth'ch:
Is durraga grànd,
Air lobhtha na h àit,
An deidh dhoibh a cnàmh ga cùl.

'S mu lean thu do ghnàth,
Gu leaba do bhàis,
Gun tionndadh na thrà re còir;
Car tamull na h uair,

*Charles Ferguson his
Song Book 1785*

Dean fàitheas don uaigh,
Gus an gairmear thu fuas gu mòd:

Mar lofgann dubh grànnd,
Ag imeart a smàg,
Gu 'n eirich thú 'n ard o'n t flocd;
Thoirt coinneamh do Chrìosd,
'Na thigheachd aris,
A dh' fhaotuinn lan diol a' d' olc.

'N uair theid thu fa bheinn,
Ni cheartas do dhìt';
Ga d' fhògradh gu fìorruidh uaidh;
Gu lafair gu d' phian,
Chuaidh dheafach don Diabh'l,
'Sa mhalluchd gu dian ga d' ruog.

'N fin cruaidhichidh Dia
Do chnaimhean mar iarn,
Is d' fhèthean mar iallaibh prais;
Is teannaichidh d' fheadil,
Mar innein nan òrd,
Nach cnamh ì le mòid an teas.

No 'n ceann thu 'n raibh ciall,
Is eolas air Dia,
'S gun d' rinn thu a riar fa chòir;
Ged tha thu 'n diu rùisgt',

Gun aithne gun iùl,
 Gun teanga gun fùil gun fròn:

Gabh meifneach fan uaigh,
 Oir èiridh tu suas,
 'N uair chluinneas tu fuaim an stuic,
 'S do thruailleachd gu lèir,
 Shios fàgfuidh tu d' dhèigh,
 Aig durraga drèun an t fluic.

Deafuichidh Dia,
 Do mhaife mar ghrian,
 Bhiodh 'g eiridh o sgiath na 'm beann;
 Cur fraodrac ro ghèur,
 'S na fuile fo fèin,
 'S iad dealradh mar reulta 'd cheann.

Do theanga 's do chàil,
 Ni ghleusa gun dàil,
 A chantuinn na àros cliu:
 Is fosglaidh do chluas,
 A dh'eisteachd re-fuaim,
 A mholaidh tha 'g fluagh a chùirt.

'N uair dhealruicheas Crìosd,
 'Na thigheachd a ris,
 A chruinneach na m fìrean suas;
 'N sin bheir thu do lèum,

Thoirte coinneamh dha fèin,
Mar iolair nan spèur aig luaths.

N uair dhe'ireas tu 'n àird
Grad chuiridh ort fàilt,
A mhealltuinn a chàirdeas fèin,
Gun dealach gu bràth,
R'a chomunn no ghràdh,
A steach ann am Farràs Dè.

Fhir chluinneas mo Dhàn,
Dean aithreachas trà,
'M feadh, mhaireas do shlàint 's do bheachd;
Mu'n d'thig ort am bàs,
Nach leig thu gu bràth,
Air geata nan gràs a steach.

AN GEAMHRADH.

DO theirig an fàmhradh,
'S tha 'n geamhradh tigh'n dlù oirn,
Fior namhaid na chinneas,
Tigh 'n a mhilleadh ar dùthcha:
Ga falltairt faoi chafaibh,
'S da maife ga rùsgadh;
Gun iochd ann re dadum,
Ach sladadh 's a plùndruinn.

Sgaoil oirne a sciathan,
 'S chuir e ghrian air a chùlubh ;
 As a nead thug e 'n tàlach,
 Neimh-bhàigheoil ga'r fgiùrfadh :
 Sneachd iteagach glègheal,
 O na spèuraibh tigh'n dlù oirn,
 Clocha-meallain 's gaoth thuathach,
 Mar luaidh is mar fhùdar.

'N uair shèideas e anail,
 Cha 'n fhag anam am fùrain ;
 Tha bheillinn mar shìofar,
 Lomadh lis do gach ùr-ros :
 Cha bhi fgeudach air coille,
 No doire nach rùisg e ;
 No fruthan nach tachd e,
 Faoi leachdanna dù'-ghorm.

Feadh rèta a chlèibhe,
 Tha fèidzadh na doinionn,
 Chuir beirm ann san fhairge,
 'S a dh' at' garbh i na tonnaibh ;
 'S a bhinn'dich an-clàmhuin ,
 Air àirde gach monaidh,
 'S ghlan sgùr e na rèultan,
 D' ar pèile le'n folus.

Tha gach beathach is duine,
 Nach d' ullrach 'na shèason,

Ga 'n fgiùrsa le gaillin,
 Gun talla' gun èudach :
 'S an dream a bha gnìomhach,
 Fas iargolt mi-dhèirceil ;
 Nach d' thoir iafachd do leifgean,
 Ann fan t sneachda ged èug e.

Tha 'n feillean 's an seangan,
 Bha tionail an fdòrais,
 Le gliocas gun mhearachd,
 Tabhairt aire don dòruinn :
 'G ithe bidh 's ag ol meala,
 Gun ghainne air lòn ac,
 Faoi dhion ann fan talamh,
 O anail an reòta.

Tha na cuileoga ciatfach,
 Bha diamhain fan t samhradh,
 'S na gaethèinibh grèine,
 Gu h èibhinn a dannfa ;
 Gun deasach gun chùram,
 Roimh dhùdlach a gheimbrid :
 Tha iad noife a' bàsach,
 Ann sgach àite le teanntachd.

Ach eisd riom a shean-duin',
 'S tuig an samhladh tha 'm stòri',
 Tha 'm bàs a tigh'n teann ort,
 Sud an geamhradh tha 'm òran :

'S ma gheibh e thu d' leifgean,
 Gun deasach fa' chòmhail,
 Cha deun aithreachas criche,
 Do dhìonadh o'n doruinn.

Gur meithich fas diaghuidh,
 'S do chiabha air glafadh,
 Na 'm beàrnaibh do dhèudach,
 Is d' èudan air casadh ;
 Do bhathais air rùsgadh,
 S do fhùilean air prabadh,
 Agus croit ort air lùbadh,
 Chum na h ùire do leaba.

Tha na fruthana craobhach,
 Bha fgaioleadh a' d' bhallaibh,
 Gu mireagach buailteach,
 Clis gluasfadach tana ;
 A noife air traoghadh
 O 'n taomachadh thairis,
 O ragaich is dh' fhuaraich
 Teas ua'bhair na fola.

Balg-fèididh na beatha,
 Tha air caitheadh gun fhèum ann
 'S o chrup ann a' d' chliabh e,
 Gur h e phian bhi ga fhèideadh :
 Tha 'n corp a chruit chiùil ud,
 Air diùltadh dhuit glèusadh ;

'S comhthar cinnt' air a thaifguaidh,
Bhi lafach a théudan.

Theich maduinn na h òige,
Is treòir mheadhon laeth,
Tha 'm feafgar air ciaradh,
'S tha ghrian ort a luidhe :
'S mu bha thufa diomhain,
Gun ghnìomh is gun mhaitheas ;
Gu h ealamh bi d' dhùsgadh,
Mu'n dùinthear ort flaitheas.

Reir caithé na beatha,
S tric leatha gun crìoch i ;
Bidh 'n cleachda fas làidir,
Doth-fhàfach o'n inntinn :
Na labhair an sean-fhocal,
'S deimhin leam fìor e,
“ An car theid san a seanmhaid
“ Gur h ainmic leis dìreadh.”

Ach oganaich thrèibhich
Thoirs' èisdeachd dom òran,
'S leig dhiot bhi mi-chèillidh,
Ann cèatain na h òige :
Tha aois agns èa-flaint,
Air do dhèidh ann an tòir ort ;
'S mu ni h aon aca grèim ort,
Pillidh d' aoibhneas gu bròn buit.

An aois ata 'n tòir ort,
 Bheir i leòn ort nach faoil thu ;
 Air do fhùilibh bheir ceathach,
 Is treabhuidh fi d' aodan :
 Bheir i crith-reo mu d' ghruaige,
 'S neul uaine an aoig leis,
 'S cha d' thig aiteamh na grian ort,
 Bheir an liath-reo a chaoidh' Jhiot.

Bheir na's meafa na fud ort,
 Fàilne tuigse is rèusain ;
 Dìth leirfinn a d' intinn ;
 Dìth cuimhn' agus gèire ;
 Dìth gliocais chum gnothaich ;
 Dìth mothaich a d' chèudfadh :
 'S gu'm fas thu mar leanabh,
 Dhith spionnadh is cèille.

Fafuidh 'n croidh' neimh-aithreach,
 'S neimh-ealamh chum tionndadh,
 Aon tagradh cha druigh air,
 'S cha lùb e da ionnfuidh :
 Ceart mar tha 'n talamh,
 'N am gaillinn is teanndachd ;
 Ged raibh milltin dol thairis,
 Cha deun aile fan chaufair.

Faic fèasain na bliadhna,
 'S deun ciall uath a tharuing ;

'S mas àill leat gu'm buain thu,
 Dean ruadh'r ann fan earrach;
 Dean connabh fan t famhradh,
 Ni fa gheamhradh do gharadh;
 'S mu dhibreas tu 'n fèasan,
 Dhu it 's èigin bhi folamh.

'S mar cuir thu fiol fallain,
 Ann earrach na h òige
 Co chinnte 's am bàs duit,
 Cuiridh Sàtan droch-phòr ann;
 A dh' fhàsas na dhubhailc,
 'S na luidheanna feòla:
 'S bidh do bhuain mar a chuir thu,
 Mas fubhailc no dòbheart.

Mas bhios d' òige gun riaghladh,
 'S d' anamianna gun taod riu,
 Gum fas iad co fiadhaich,
 'S nach frian thu re d' aois iad:
 Am meangan nach fniomh thu,
 Cha spion thu na chraoibh e;
 Mur fhìneas e ghèugan,
 Bidh fhreumhan a sgaoileadh.

Tha do bheatha neimh-chinnteach
 O 'n tinn a bheir bàs ort,
 Uime fin bi re dìthchioll,
 Do fhìth dheanamh tràthail:

'S e milleadh gach cùise
 Bhi gun chùram cur dàil innt' ;
 'S ionann aithreachas crìche,
 'S bhi cur fìl mu Fheill-màrtuin.

Tha ghrian ann sna spèuraibh
 Ruith reise gach laeth ;
 'S i 'giorrach do shaoghail,
 Gach oidhche a luidheas :
 'S dlu ritheas an spàla,
 Troi' shnàth'naibh do bheatha ;
 Tha fitheadh dhuit lèine,
 Ni pèifdin a chaitheamh.

'S mu ghoideas e dlù ort,
 'S gun do dhùil bhi r'a thigh'nn ;
 'N fin fosglaidh do fhùilean,
 S chi thu chùis thair a meithich :
 Bidh do choguis ge d' phianadh,
 Mar scian ann a d' chroidhe ;
 'S co ionann a giùlan,
 'S luidhe rùifgt' ann an scitheach.

Faic a chuileag ga dìte
 Le fìonntaibh an nàduir,
 'S o dhìbir i 'n fèusan,
 Gur h èigin di bàsach :
 Faic gliocas an t seangain,
 Na thional co tràthail,

'S deun eifiomplair leanail,
Chum d' anam a shàbhal.

U R N U I G H.

O Thighearn is a Dhia na glòir,
An t Ard-Rfogh mòr ofcionn gach fluaigh ;
Cia dònadh ni air h ainm ro mhòr
Le bilibh nèoghlan bhi ag luaidh !

Na h aingle 's airde rinneadh leat,
Cia lag an neart ! 's cia dall an iùl !
Cia aineolach air h oibre mòr !
'S cia goirid air do ghlòir an cliù !

Am beachd do shùile-fiorghlan fèin,
Cha 'n 'eil na rèulta 's airde glan :
'S cha 'n 'eil na h aingle 's naomha 'n glòir,
Ann làthair do Mhòrachd-fa gun fmal.

Ach O an dean thu d' ioflach fèin,
A dhèifdeachd cnuimhe ann san ùir !
Faoi fdòl do chos ag gabhail tàmh,
'S nach faic ach fgaile beag do d' ghnùis.

Na lasadh d' fhearg O Dhe nan dùl,
 Am feadh do dheanam ùrnuigh riut :
 'S mo pheacadh aidmhicheam le nàir,
 'S an truailleachd ghràineil ann fna thuit.

Mo chionnt tha mar na flèibhte mòr;
 Is leòn iad me le h iomadh lot :
 Ta manam bochd le 'n cudthrom brùit,
 'S o m fhùilibh fàsg nan dèura goirt.

An comas duit a Dhia nam feart,
 Mo shaor gun cheartas chur air cùl !
 'S mu shaorar le do thròcair mì,
 'M bheil neach fan t faogh' l a dhiteas tù !

Nach èigin duit mo fgrios gu bràth,
 Mur àichshean thu do cheartas gèur !
 Le m' chionnta oillteil, 's gann a dh' fhàg
 Mi iochd, no gràs, a' d' raoghain fèin.

Gach uile mhalluchd ata fgrìobht
 Ann d' fhocal fìor le bagradh teann,
 O Tighearn thoill me air do làimh,
 Gum biodh iad càrnuicht air mo cheann.

Ge d' fhas na neamha dubh le gruaim,
 'S mo bhual le tarnainich do neart ;
 Ge d' theilg thu me me gu ifrinn fhìos,
 Gu fìorruidh aid'icheam do cheart.

Gidheadh am feud an lasair thrèun
 A sgoilteas as a cheil an tuil ;
 Drùdhagh orm troi' umhlachd Chrìosd,
 'S mi gabhail dìon a steach faoi fhuil?

An fhuil a dhìol do cheartas teann
 'S a dhoirteadh air a chrann gu làr
 'Sann aisd' tha m' earbsa, O mo Rìogh!
 Nach dìt thu manam air a sgà.

O dean mo phlanndach ann an Crìosd
 S mo chrìonach brisidh mach le blàth ;
 Is bidh gach subhaile 's naomha glèus,
 Mar mheas a lùbh mo ghéug gu làr.

Gach inbhe 'n cuir thu mi san t saogh'l
 Dean daonnan toilicht' me le m staid ;
 Mas bochd, no beartach, tinn, no slan,
 Do thoil gu brath biodh deant air fad.

O 's gràsmhor Dia n' air bheir e feach !
 'S gu beachd tha DHIULTADH lan do GHRADH ;
 'S fìor-bheannachd ann an atharach dreach ;
 Gach CROIS is CREACH a thig o laimb.

O buidheachas do Dhia nan gràs
 Chuir chugam slànui'fhear nam buadh !
 Eiric mo shaorsa chi na bhàs ;
 'S an luach a phàidh air m' anam trùagh.

Dean m' ionnlad glan, O Dhia na sìth!
 'S an tobar ìocshlaint bhrùchd a thaobh:
 A bheir dhamh beatha as a bhàs,
 'S o m' thràillealachd a ni mi faor.

Diangnich mo chreideamh ann na bhàs,
 Is beothaich gràdh am chroidhe stigh,
 Is neartuich mè chum ùmhlachd dhà,
 Ann uile àitheanta naomh a lagh.

'S e fein do chlaon a dhruim faoi m' chuail;
 Chum manam dhìreadh fuas gu Dia:
 Chofd gach tiodhlac th'agam uaith,
 Geur-chràdh is ofn' chruaidh ga chliabh.

Mo smuaintidh talmhuidh tog gu neamh,
 Is thoir dhamh èarlas air do ghràdh,
 A dh' fhògras m' eagal uile uam,
 'S a shaoras mi o uamhunn bàis.

'N sin atadh tonna borb a chuain,
 Is bèuchda torrann chruaidh nan spèur;
 Thigeadh crith-thalmhuin, gort, is plàigh,
 Bhios roinn a bhàis gach taobh a thèid.

Bi thus' a' d' Dhia do manam fèin,
 'S bidh iad gu lèir dhamh 'n cairdeas gràidh;
 Cha loisg an tein' gun ordugh uait,
 Cha sluig an cuan, 's cha sgrios a phlàigh:

Am feadh bhios cumhachd ann a d' làimh,
Bidh mise fàbhailt o gach olc :
'S cha 'n eagal leam gu 'm bi mi 'n dì,
Gu fìorruidh nach gu 'm fas thu bochd.

Mo dhùthrachd m' eagal, 's m' uile mhiann,
A' m' Dhia tha còmhlachadh gu lèir ;
Oir neamh, is talamh, 's ifrinn shìos,
Ata iad do mo Rìoghs' aig gèill

AN CHRIOCH.

Charles Ferguson his Gallie
Bookey

Cha: Ferguson his Book
Charles Ferguson
Charles Ferguson
Cha Ferguson

GAELIC BOOKS, TRANSLATIONS, &c.
Sold at the SHOP of JOHN GILLIES.

- Gaelic New Testaments
——— Psalm Books with Paraphrases, &c.
——— Catechisms
——— Mother's Catechism
——— Confession of Faith
——— Baxter's Call to the Unconverted
——— Allein's Alarm, a new edition
M'Donald's Gaelic Songs
Stewart's Gaelic Songs
Conflicts of the Clans; to which is added, a curious
Collection of Gaelic Songs
Mr Smith's Gaelic Antiquities, Quarto
———'s View of the Last Judgment, Octavo
Clark's Works of the Caledonian Bards
———'s Defence of Ossian's Poems
Ossian's Poems, 2 vols. with Blair's Dissertations
M'Donald's Gaelic Vocabulary
Gaelic Proverbs
Willison on the Catechism, in Gaelic.

N. B. Merchants may be supplied at said Shop,
with Writing Paper of all Sorts; Wax, and
Wafers; Dutch, English, and Irish Quills;
Slates and Slate Pens; Violin Strings, and
Music Books; and every other Article in the
Stationary Branch, on reasonable Terms.

Faint, illegible text at the top of the page, possibly bleed-through from the reverse side.

Faint, illegible text in the upper middle section.

Faint, illegible text in the middle section.

Faint, illegible text in the lower middle section.

Faint, illegible text in the lower section.

Faint, illegible text in the lower section.

Faint, illegible text in the lower section.

Faint, illegible text in the lower section.

Faint, illegible text at the bottom of the page.

